



OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN

PLANA RO-INNLEACHDAIL 2012-2016 Geàrr-chunntas

www.ed.ac.uk



AR LÈIRSINN

A bhith a' tàladh agus a' leasachadh nan oileanach as gealltanaiche air an t-saoghal agus sàr luchd-obrach agus a bhith nar oilthigh domhanta ag obair airson leas an t-saoghail gu lèir.

AR RÙN

Is e rùn an Oilthigh againn a bhith a' cruthachadh, a' sgaoileadh is a' glèidheadh fiosrachadh. Mar aon de phrìomh ionadan feabhais acadamaegaich an t-saoghail tha e mar amas againn:

- feabhas a chur air ar suidheachadh mar aon de phrìomh oilthighean an t-saoghail a thaobh rannsachadh agus teagasg agus ar coileanadh a mheasadh a rèir nan slatan-tomhais eadar-nàiseanta as àirde
- an àrainneachd ionnsachaidh agus teagaisg as fheàrr a stèidheachadh a chum math nan oileanach againn agus airson sàr mheasgachadh oideachail a lìbhrigeadh
- ceumnaichean a thoirt a-mach a tha làn chomasach air na h-ìrean pearsanta is proifeiseanta as àirde a ruighinn
- taic shusbainteach, sheasmhach agus shòsio-chùramach a thoirt do dh'Alba, don RA agus don t-saoghal, ag adhartachadh slàinte, fàs eaconamach is mathas cultarach

RO-RÀDH A' PHRIONNSAPAIL

Tha Oilthigh Dhùn Èideann ann an àite làidir agus adhartach agus a' cur gu mòr ri math eaconamach, sòisealta agus cultarach na h-Alba. Tha sinn a' buain toradh nan tasgaidhean mòra a rinn sinn anns an oighreachd is bun-structair againn, tha fèill mhòr aig luchd-fastaidh air na ceumnaichean againn, tha an rannsachadh eug-samhail againn a' cosnadh cliù eadar-nàiseanta agus tha sinn an tùs gnothaich ann an iomlaid fiosrachaidh agus innleachdas. Tha an co-aonadh a rinn sinn o chionn ghoirid le Colaiste Ealain Dhùn Èideann, Institiùd Roslin agus Aonad Ginteachd Daonnda na Comhairle Rannsachaidh Leigheis air cothrom a thoirt dhuinn togail air ar deagh chliù eadar-nàiseanta agus eug-samhlachd is neart a chur am meud anns na tha sinn a' cur ris a' chomann shòisealta a thaobh chùisean saidheans is cultair. Tha na buaidhean seo, an co-cheangal ri fìor shoirbheachadh ionmhasail, a' leigeil leinn tasgadh ann an taic do na h-amasan is builean ro-innleachdail againn.

Tha meudachadh com-pàirteachaidh aig cridhe ar n-amasan agus air an adhbhar sin bheir sinn seachad sàr eòlasan beatha do na h-oileanaich againn. Tha sinn a' dèanamh tasgadh mòr, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt thabhartasan do bharrachd oileanach na riamh roimhe. Tha sinn cuideachd a' sìor leasachadh cheanglaichean le sgoiltean ionadail. Tha sinn glè phròiseil is toilichte leis an iomadh soirbheachadh eug-samhail a nì ar n-oileanach tron ionnsachadh aca agus gnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim, agus taobh a-muigh an Oilthigh, gu h-àraidh tro sheirbheis phoblach agus obair charthannach.

Tha am fòcas a thug na Planaichean Ro-innleachdail a rinneadh roimhe dhuinn air ar cuideachadh a dh'ionnsaigh an t-soirbheachaidh a th' againn a nis agus is e sin an t-adhbhar a tha am Plana Ro-innleachdail 2012-2016 aig teis meadhan nan rùintean againn airson an ama ri teachd. Tha am plana 2012-16 a' stèidheachadh ciamar a tha sinn airson gum bi an t-Oilthigh a' coinneachadh ri dùbhlain agus a gabhail ri cothroman. Airson am plana seo a chur an gnìomh feumaidh sinn a bhith nas mothachail buileach air gluasadan anns an àrainneachd sa bheil sinn ag obair agus nas deiseil nar dòigh-obrach. Tha e air leth cudromach gum bi sinn air thùs ann an teicneòlas san àm ri teachd ma tha sinn dol a choinneachadh iarrtasan an luchd-obrach is oileanaich eadar-dhealaichte againn agus dol a bhith a' farpais gu soirbheachail aig an ìre as àirde anns an t-saoghal.

Is e oilthigh fìor eadar-nàiseanta a th' ann an Dùn Èideann aig a bheil stèidh làidir Albannach agus is e mòr-thèama a' phlana seo togail a thoirt air a' bhuidhe eadar-nàiseanta againn agus na tha sinn a' cur ris a' chomann shòisealta. Tha na h-Acadamaidhean Domhanta againn fìor chudromach airson fuasglaidhean innleachdail a lorg airson duilgheadasan mòra an t-saoghail. Tha sinn air ar prìomhachasan airson an ath ceithir bliadhna a cho-dhùnadh a rèir na h-eachdraidh seo agus air an cumadh a rèir an dealais againn airson dleastanas sòisealta is àrainneachd a choileanadh, co-ionannachd is in-ghabhalachd, meudachadh com-pàirteachaidh agus deagh riaghladh.



Tha na comharraidhean agus targaidean againn a' sealltainn ar dealais agus ar rùn a thoirt gu buil. Tha saothair agus miann ar n-oileanach, luchd-obrach agus coimhearsnachd an Oilthigh air feadh an t-saoghail ann a bhith a' leasachadh a' phlana seo a' toirt misneachd dhuinn gun coilean sinn ar n-amasan airson an ama ri teachd.

Timothy O'Shea

Àrd-ollamh Sir Timothy O'Shea BSc, PhD, DUniv, LLD hc, FRSE
Prionnsapal agus Iar-seansalair, Oilthigh Dhùn Èideann

A' TOIRT AR LÈIRSINN GU BUIL



Is iad na h-amasan ro-innleachdail againn, sàr-mhathas ann am foghlam, rannsachadh, agus innleachdas. Tha na trì comasaichearan againn ag innse na dh'fheumas a bhith againn airson na h-amasan ro-innleachdail a choileanadh agus tha na sia tèamannan ro-innleachdail ag innse ciamar a bheir sinn ar n-amasan gu buil. Tha ar dealas ris a' Phlana Ro-innleachdail co-choitcheann agus deamocratach: tha libhrigeadh agus coileanadh a' Phlana an urra ris an Oilthigh air fad.

Tha sinn a' measadh adhartas a rèir nam prìomh chomharraidhean coileanaidh agus targaidean againn a h-uile bliadhna. Tha sinn a' sùileachadh gum fuirich na h-amasan agus builean airson gach amas ro-innleachdail mar a tha iad ach gun tig atharrachadh air ro-innleachdan, comharraidhean coileanaidh is targaidean thar ùine a rèir atharrachaidhean san àrainneachd gnìomha.

Mur a h-eil an caochladh air a chur an cèill, bidh na targaidean a' dol fad beatha a' Phlana Ro-innleachdail.

Mar bhunait do Phlana Ro-innleachdail an Oilthigh tha na ro-innleachdan agus na planaichean co-cheangailte aig na diofar roinnean gnìomha againn. Tha iad seo a' sealltainn ann an dòigh nas mionaidiche ciamar a thèid na ro-innleachdan sa phlana seo a chur an sàs. Airson tuilleadh fiosrachaidh seallaibh ris an làraich-lìn Riaghlaidh agus Planaidh Ro-innleachdail againn.



AMASAN RO-INNLEACHDAIL

SÀR-MHATHAS ANN AM FOGHLAM

AMAS

Dealas airson fiosrachadh agus ionnsachadh a bhrosnachadh anns na h-oileanaich againn a leanas fad am beatha agus gan spreigeadh a bhith an tùs gnothaich, innleachdail agus neo-eisimeileach le miann a bhith soirbheachail anns an Oilthigh fhèin agus air an taobh a-muigh.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' cleachdadh ar neartan a thaobh rannsachadh gus taic agus fiosrachadh a thoirt don teagasg againn
- a' toirt stiùireadh agus taic do na h-oileanaich againn tro phrògraman ceumna Oilthigh Dhùn Èideann
- a' leasachadh comas gach oileanaich ionnsachadh tro cheasnachadh, tron dian sgoileireachd a nì iad, gu h-àraidh aig ìre Urraim agus Iar-cheumnaich
- a' brosnachadh àrainneachd far a bheil fìor luach ga chur air teagasg
- a' cur bhuadhan luchd-ceumnachaidh agus ion-fhastaidheachd aig meadhan gach curraicealaim, agus ag ullachadh nan oileanaich againn a bhith a' farpais ann am margaidh an t-saoghail
- a' cur shligheachan ionnsachaidh sùbailte air dòigh.



SÀR-MHATHAS ANN AN RANNSACHADH

AMAS

A bhith nar coimhearsnachd rannsachaidh bheothail, shoirbheachail, eadar-obrachail a bhrosnaicheas beachdan agus fiosrachadh ùr, a lorgas raointean eòlais ùra agus a chuidicheas ann an leasachadh sòisealta, cultarach, àrainneachd, slàinte agus beartas na h-Alba, na RA agus an t-saoghail.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- air thùs ann an roinnean rannsachaidh a tha ùr agus a tha air faire thar crìochan nan roinnean stèidhichte
- a' nochdadh ceannas ann an coinneachadh prìomh dhùbhlain rannsachaidh an t-saoghail
- a' cleachdadh làn neart doimhneachd is farsaingeachd ar rannsachaidh
- a' toirt feabhas gu buil le buaidh làidir
- ag altram cheannardan rannsachaidh an ama ri teachd.

SÀR-MHATHAS ANN AN INNLEACHDAS

AMAS

Dèanamh cinnteach gu bheil ar n-eòlas, smuaintean, sgilean agus ealantas air an cur gu feum ann an comhairle agus beachdan, innleachdas, seilbh inntinn, iomairt agus beartas, agus san dòigh sin builean nàiseanta is eadar-nàiseanta a choileanadh a chum math a' chomainn shòisealta.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' brosnachadh innleachdas agus a' lorg chleachdaidhean ùra, gu math na h-eaconamaidh ionadail agus ar cliù eadar-nàiseanta
- a' lorg dhòighean gus smuaintean oileanaich is luchd-obrach a chur gu feum a chum cleachdadh malairteach
- ar cliù a neartachadh mar phrìomh chom-pàirtiche airson malairteachadh agus ceannas san RA ann an togail chompanaidhean ùra
- buannachdan ionmhasail agus eile a thig à iomlaid fiosrachaidh agus cleachdaidhean fosgailte a bharrachadh
- a' meudachadh ar buaidh air cultar, slàinte is mathas.

COMASAICHEARAN

DAOINE

AMAS

Luach a chur san luchd-obrach, taic a thoirt dhaibh, agus an làn chomasan a leasachadh agus a chleachdadh, ag obair còmhla anns a' choimhearsnachd againn gu lèir airson gum bi an t-Oilthigh na àite-obrach spreigeil, soirbheachail.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' tàladh, a' toirt duais do agus a' cumail nan daoine as fheàrr, a' lorg tàlant air feadh an t-saoghail
- a' leasachadh eòlas, comasan agus sgilean nan daoine againn
- a' cumail sgiobachd a tha seasmhach airson ar feumalachdan caochlaideach a fhreagradh
- in-ghabhaltach, taiceil agus co-obrachail, a' leantainn phrionnsapalan uaisleachd, urraim, co-ionannachd agus iomadachd, slàinte, sàbhailteachd agus mathas.



BUN-STRUCTAR

AMAS

Àrainneachd obrach agus ionnsachaidh a sholarachadh a tha ùr-nodha, èifeachdach agus brosnachail agus a sheasas gnìomhan acadaimeagach agus taice cho math ri gin san t-saoghal.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' sireadh seasmhachd agus cunbhalachd ann an càileachd agus eòlas thar gach feart bun-structar cruthail, teicneòlas fiosrachaidh (TF) agus leabharlainn
- a' cur meud is seasmhachd ar n-oighreachd gu dùbhlann agus aig an aon àm a' dìon ar seilbh chudromaich, a' gabhail a-steach thogalaichean suaicheanta a tha nam prìomh phàirt den dualchas againn
- a' stiùireadh cleachdadh rùm gu h-èifeachdach
- a' dèanamh barrachd colamaidh anns na prìomh phròiseasan planadh oighreachd againn eadar ceannach bun-structar teicneòlas fiosrachaidh (TF) agus ceannach prìomh acfhainn
- a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh freagarrach againn gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh, teagasg agus rannsachadh agus airson a bhith èifeachdach a' dèanamh cho-dhùnidhean.

IONMHAS

AMAS

Ar neart ionmhasail a sheasamh agus a leasachadh gus na h-amasan ro-innleachdail againn a ruighinn agus comasan farpais an Oilthigh a chur am meud.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' daingneachadh ar seasmhachd fad-ùine
- a' dèanamh cinnteach às maoineachadh sa gheàrr- agus sa mheadhan-ùine
- a' dèanamh cinnteach gu bheil inbhean cunntachalachd, reachdmhorachd agus smachd ionmhasail aig an ìre as àirde
- a' libhrigeadh an luaidh as fheàrr anns na gnìomhan againn uile
- a' dèanamh cinnteach às deagh riaghladh.

TÈAMANNAN RO-INNLEACHDAIL

SÀR BHEATHA-OILEANAICH

AMAS

Cothroman a thoirt do na h-oileanaich againn sàr eòlasan sònraichte fhaighinn a bhios gan uidheamachadh airson beatha taobh a-muigh an ionnsachaidh aca agus a tha nan toiseach tòiseachaidh air dàimh ris an Oilthigh a mhaireas fad am beatha.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' ceangal nan sàr sgilean teagais againn ri sàr bheatha-oileanaich anns an Oilthigh fhèin agus air-loidhne
- ag ath-bheothachadh ar frèam-obrach sgoileireil agus taiceil
- a' brosnachadh fìor fhaireachdainn a-measg ar n-oileanach agus luchd-ceumnachaidh gu bheil iad nam pàirt de choimhearsnachd luchd-ionnsachaidh
- a' cur ri beatha-oileanaich ann an dòigh

cho-cheangailte agus in-ghabhalach a tha freagarrach do gach duine fa leth agus a bhuineas ri gach cuspair, dòigh ionnsachaidh, seirbheis oileanach, agus gach pàirt den oighreachd againn

- ag adhartachadh slàinte, math agus sàbhailteachd nan oileanach
- ag uidheamachadh nan oileanach againn leis na sgilean agus feartan luchd-ceumnachaidh a dh'fheumas iad airson a bhith a' ruighinn àirde an comais ann an coimhearsnachd an t-saoghail.



BUAIDH AIR AN T-SAOGHAL

AMAS

A bhith domhanta ann am miannan, buaidh is meud airson math coimhearsnachd an Oilthigh agus a' chomainn shòisealta gu lèir.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' meudachadh ar sgaoileadh thar an t-saoghail agus ar togail-comais
- a' freagairt cheistean toinnte, domhanta le fuasglaidhean co-cheangailte
- a' brosnachadh saoranachd dhomhanta.

COIMHEARSNACHD FHAD-BHEATHA

AMAS

Cur ris a' chomann shòisealta ann an dòighean inntleachdail, oideachail, eaconamach, saidheansail agus cultarach agus taic is tuigse an t-sluaigh air an Oilthigh agus an obair aige a thoirt air adhart.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' cur ris na prionnsapalan Soilleachaidh againn a thaobh muinntir a' phobaill a thoirt an lùib na h-obrach againn gu ìre nas motha, buaidh a thoirt air luchd-poileasaidh, agus atharrachadh a thoirt gu buil
- a' sgaoileadh ar goireasan agus eòlas fad is farsaing
- nar nàbaidh, fastaiche agus comhairliche ciallach agus buadhach
- a' togail coimhearsnachd fhiosrachail, dhripeil, thaiceil de luchd-ceumnachaidh agus càirdean co-cheangailte tro bhith a' cumail dàimh fhad-bheatha riutha
- a' cumail ìomhaigh chliùiteach a thaobh cultar is spòrs ann an Alba agus air feadh an t-saoghail.

TÈAMANNAN RO-INNLEACHDAIL

DLEASTANAS SÒISEALTA

AMAS

Suidheachaidhean a chruthachadh far am bi ar n-oileanaich, luchd-obrach agus a' choimhearsnachd air an taobh a-muigh air am brosnachadh agus an cuideachadh a bhith dripeil, taiceil do dhleastanas sòisealta agus seasmhachd taobh a-staigh agus a-muigh an Oilthigh.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' lùghdachadh ar buaidh air an àrainneachd
- a' barrachadh ar tabhartais don chomann shòisealta
- a' cleachdadh bun-structar a tha leasaichte, agus nuair a ghabhas dèanamh, air obrachadh a chum amasan nàiseanta agus eadar-nàiseanta

a ruighinn a thaobh seasmhachd àrainneachd agus dleastanas sòisealta

- a' nochdadh fìor dheagh bheusachd
- a' cothromachadh miann ar coimhearsnachd airson bun-structar co-fhreagrach a dh'fhaodas iad cleachdadh aig àm sam bith leis a' bhuaidh a bhios aig sin air cosgaisean agus truaillleadh carboin.



COM-PÀIRTEACHASAN

AMAS

Com-pàirteachasan agus co-obrachadh fada, tarbhach a leasachadh a chuireas ri cliù ionadail agus eadar-nàiseanta an Oilthigh.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- gar suidheachadh fhèin gus am faod sinn cothroman a chruthachadh agus a ghilacadh aig crìochan eòlais ùir
- a' cur feabhas air ar comas agus air ar farpaiseachd
- a' cruthachadh bhuilean seasmhach a tha gu math na h-uile
- a' dèanamh cleachdadh nas èifeachdaiche air stòrasan
- a' cur ri prìomhachasan eadar-nàiseanta agus nàiseanta ann an teagasg agus rannsachadh.

CO-IONNANACHD AGUS BARRACHD GABHAIL PÀIRT

AMAS

Coimhearsnachd oileanach is luchd-obrach eug-samhail a thogail agus a chumail, airson barrachd beartais a thoirt do dh'ionnsachadh, obair agus beatha shòisealta na h-uile, a' nochdadh ar dealais airson ceartas sòisealta.

BUIL

Gus ar n-amas a ruighinn bidh sinn:

- a' toirt a-steach na h-oileanaich as fheàrr bho iomadh seòrsa eachdraidh
- a' cur co-ionnannachd, in-ghabhalachd agus eug-samhlachd aig cridhe ar prionnsapalan air feadh ar coimhearsnachd
- ag àrach saorsa smaoinichaidh is saorsa cainnte ann am frèam-obrach co-urramach
- a' feuchainn ri dèanamh cinnteach nach cur duilgheadasan maoinichaidh bacadh air inntreigeadh oileanaich sam bith don Oilthigh
- a' toirt cothrom do dh'oileanaich bho raointean den t-sluaigh nach bu dual àrd-fhoghlam fhaighinn a bhith a' gabhail làn phàirt ann am beatha an Oilthigh, crìoch shoirbheachail a chur air an ionnsachadh aca agus na miannan beatha is cothroman fastaidh aca a mheudachadh.

GEÀRR-CHUNNTAS AIR PRÌOMH CHOMHARRAIDHEAN COILEANAIDH AGUS TARGAIDEAN

AMASAN RO-INNLEACHDAIL

	PCC	TARGAIDEAN
SÀR-MHATHAS ANN AM FOGHLAM	1.0 Co-roinn de dh'oileanaich a' fàgail le deagh bhuil (ceum, gluasad no teisteanas eile)	1.1 Barrachd oileanaich sàsaichte le taic sgoileireil is pearsanta 1.2 Barrachd oileanaich sàsaichte le cothroman is taic airson am buadhan luchd-ceumnachaidh agus fastaidh a leasachadh
SÀR-MHATHAS ANN AN RANNSACHADH	2.0 Roinn margaidh na Buidhne Ruiseil de theachd-a-steach rannsachaidh (caitheamh)	2.1 An àireamh chuibheasach de dh'oileanaich PhD a thogail gu, co-dhiù, 2.5 gach neach-obrach acadaimigeach 2.2 Ar n-inbhe (an coimeas ris an ionad as fheàrr) airson an tomhais stèidhichte air cunntasan rannsachadh ann an Rangachadh Oilthighean an t-Saoghail a thogail gu, co-dhiù 94/100
SÀR-MHATHAS ANN AN INNLEACHDAS	3.0 Tomhas air iomlaid fiosrachaidh: àireamh aithrisean innleachdais, dlighean-sgrìobhaidh, barantasan agus companaidhean ùra	3.1 Co-dhiù 200 buadhan poileasaidh poblach gach bliadhna 3.2 Buaidh eaconamach, air a thomhas le Meudachadh Luaich Iomlan, a chur am meud, co-dhiù 8%

COMASAICHEARAN

	PCC	TARGAIDEAN
DAOINE	4.0 Co-roinn luchd-obrach a fhuair ath-bhreithneachadh bliadhna sa bhliadhna chaidh seachad, a' gabhail a-steach aithneachadh bhuilean agus feuman leasachaidh	4.1 Buannaich an duais airgid Athena SWAN airson institiùdan 4.2 Àireamh thagraidhean eadar-nàiseanta airson dreuchdan acadaimigeach a chur am meud
BUN-STRUCTAR	5.0 Teachd-a-steach mu choinneimh gach meatair cheàrnagach de rùm a-staigh san iomlan	5.1 A' cho-roinn de staid nan togalaichean againn a tha aig Ire A is B a thogail gach bliadhna, ag amas air co-dhiù 90% ro 2020 5.2 Àireamh oileanach a tha sàsaichte le goireasan ionnsachaidh (leabharlann, TF, rùm agus acfhainn airson ionnsachadh) a thogail gu co-dhiù 85%
IONMHAS	6.0 Còrr gnìomhach mar % de theachd-a-steach (amas air 3%)	6.1 Ar teachd-a-steach iomlan mu choinneamh gach neach-obrach làn-ùine a thogail gach bliadhna, ag amas air co-dhiù 10% a rèir fìor-thomhas 6.2 An ROCE againn a chur an àirde

TÈAMANNAN RO-INNLEACHDAIL

	PCC	TARGAIDEAN
SÀR BHEATHA-OILEANAICH	7.0 Co-roinn luchd-ceumnachaidh (fo-cheumnaich is iar-cheumnaich) ann an dreuchdan aig inbhe luchd-ceumnachaidh no tuilleadh sgoilearachd	7.1 Sàsachadh uile gu lèir a tha ga luaidh ann am freagairtean do shuirbhidhean oileanach NSS, PTES agus PRES a thogail gu co-dhiù 88% 7.2 An àireamh oileanach a' faighinn duais Dhùn Èideann a thogail gu co-dhiù 500 7.3 Cruthaich co-dhiù 800 cothroman ùra airson nan oileanach againn a bhith a' gabhail turas eadar-nàiseanta mar phàirt den Cheum aca ann an Dùn Èideann
BUAIDH AIR FEADH AN T-SAOGHAIL	8.0 Co-roinn oileanach eadar-nàiseanta taobh a-muigh nan còig dùthchannan a tha a' cur a' chuid as motha de dh'oileanaich thugainn	8.1 Cuir co-dhiù 2000 ris an àireamh oileanach eadar-nàiseanta againn nach eil bhon Aonadh Eòrpa (AE) 8.2 Ar teachd-a-steach ann an tabhartasan rannsachaidh bhon AE agus tobraichean eadar-nàiseanta eile a thogail gus a bhith sa cheathramh pàirt as àirde ann am Buidheann Ruiseil 8.3 Co-dhiù 500 oileanach maighstireil a chur ris an àireimh air prògraman a chaidh a stèidheachadh tro Acadamaidhean Domhanta
COIMHEARSNACHD FHAD-BHEATHA	9.0 Tadhail dha-rìribh is air-loidhne	9.1 Ùiread eadar-obrachaidh eadar luchd-ceumnachaidh agus an Oilthigh tro làrach-lìn Sheirbheisean Luchd-ceumnachaidh, meadhan-sòisealta agus cuairt-litrichean puist-d a chur am meud
DLEASTANAS SÒISEALTA	10.0 Truailleadh carboin gach £ millean teachd-a-steach	11.2 Lùghdachadh 29% a thoirt air truailleadh CO ₂ ro 2020, a rèir bunait-tomhais 2007 (targaid eadar-amail de shàbhaladh 20% ro 2015)
COM-PÀIRTEACHASAN	11.0 Àireamh fhoillseachaidhean rannsachaidh aig a bheil co-ùghdar eadar-nàiseanta	11.1 Àireamh oileanach PhD air prògraman aig a bheil co-mhaoineachadh le com-pàirtiche eadar-nàiseanta a thogail, co-dhiù 50%
CO-IONNANACHD AGUS BARRACHD GABHAIL PÀIRT	12.0 Fo-cheumnaich bho bhuidhnean fo-riochdaichte a' tighinn a-steach	12.1 Dìùthaich air ar slatan-tomhais gabhail pàirt a thaobh bhuidhnean fo-riochdaichte 12.2 A' cho-roinn bhoireannach air am fastadh ann an dreuchdan sgoileireil agus a' faighinn àrdachadh gu òraidiche, àrd-òraidiche, leughadair agus àrd-ollamh a chur am meud, agus a' bheàrn pàighidh eadar fir is mnathan a lùghdachadh san Oilthigh



THE UNIVERSITY *of* EDINBURGH

Gheibhear an làn Phlana Ro-innleachdail sa Beurla aig

www.ed.ac.uk/governance-strategic-planning

Air a sgrìobhadh, a dheasachadh agus fhoillseachadh le Oilthigh Dhùn Èideann

Air eadar-theangachadh le Joan NicDhòmhnaill

Dealbhaichte le

Graphics Lab, Roinn Teicneòlas Ionnsachaidh, Oilthigh Dhùn Èideann

Air a chlà-bhualadh le

J. Thomson Colour Printers Ltd

Tha a h-uile dealbh-camara is ìomhaigh a chleachdadh san fhoillseachadh seo fo dhlighe-sgrìobhaidh agus chan fhaodar an ath-nochdadh gun chead. Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-nochdadh gun cead sgrìobhte Oilthigh Dhùn Èideann.

© Oilthigh Dhùn Èideann 2012

Is e buidheann carthannais a th' ann an Oilthigh Dhùn Èideann, clàraichte an Alba, àireamh clàraidh SC005336.